

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A' Ghàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu (4)

A special programme, in the form of a "letter", designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk. This is Litir 1,120. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 816 corresponds to Litir 1,120.

Tha mi fhathast a' togail chriomagan às an làraich-lìn 'Sgeul na Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu'. Chuir an Comunn Oiseanach athchuinge don riaghaltas ann an ochd ceud deug, trithead 's a naoi (1839). Bha iad ag iarraidh gum biodh a' Ghàidhlig air a teagasg san oilthigh. Cha d' fhuair iad taic sam bith.

Ann an ochd ceud deug, naochad 's a ceithir (1894), fhuair an t-oilthigh airgead dìleib bhon Ollamh Urramach Gilleasbuig MacCaluim airson sreath òraidean 'Ceilteach' a chur air dòigh. Airson còig bliadhna, shuidh an t-oilthigh air an airgead **gun a bhith a' dhèanamh càil leis**. Mu dheireadh, chuir an Comunn Oiseanach, agus Comunn nan Oileanach aig an Eaglais Shaoir, athchuinge gu Cùirt an Oilthigh mun ghnòthach.

Bliadhna an dèidh sin, thug an neach-saidheans, an t-Àrd-ollamh Mànus MacGhill'Eain, sreath de dheich òraidean seachad air cuspairean Ceilteach. 'S ann às an Eilean Sgitheanach a bha MacGhill'Eain, agus bha Gàidhlig aige mar chiad chànan.

Bha esan air a leantainn leis an Àrd-oll. Kuno Meyer, sgoilear Ceilteach Gearmailteach a bha stèidhichte aig Oilthigh Liverpool.

Ann an naoi ceud deug is sia (1906), chaidh an **t-Oll. Urr. Deòrsa MacEanruig** fhastadh mar òraidiche làn-thide. Airson a' chiad turais riamh, bha cothrom aig oileanaich cùrsaichean Ceilteach a dhèanamh a bhiodh mar phàirt de cheum oilthigh. Nuair a bha MacEanruig ann an Glaschu, dh'fhoillsich e an leabhar 'The Norse Influence on Gaelic Scotland'. Gu mì-fhortanach, chaochail e aig àrd a chomais ann an naoi ceud deug 's a dhà-dheug (1912). Bha e dìreach ceathrad 's a sia bliadhna a dh'aois.

Às a dhèidh, thàinig an t-Oll. Urr. Deòrsa Calder. Thog esan a chuid Gàidhlig ann an Siorrachd Pheairt, an dèidh dha Laideann, cuspairean clasaigeach agus diadhachd a dhèanamh aig oilthigh. Bha e na òraidiche ann an Oilthigh Ghlaschu gu naoi ceud deug, trithead 's a còig (1935). Sgrìobh Calder trì leabhraichean a th' agam fhèin air mo sgeilpichean – leabhar gràmair agus cruinneachaidhean de bhàrdachd Dhonnchaidh Bhàin agus Uilleim Rois.

Thàinig Seumas MacIlleMhìcheil MacBhàtair, mac an sgoileir ainmeil Uilleam MacBhàtair, don oilthigh airson trì bliadhna mus deach e a dh'Oilthigh Dhùn Èideann mar Àrd-ollamh na Ceilteis. Às a dhèidh, thàinig Aonghas MacMhathain à Uibhist a Tuath, bràthair Uilleim, sgoilear Gàidhlig eile. Bha Aonghas na òraidiche ann an Glaschu airson fichead bliadhna, le ceithir bliadhna air falbh, agus e an sàs anns an Dàrna Cogadh.

Ann an naoi ceud deug, caogad 's a sia (1956) chaidh Aonghas a dhèanamh na Àrd-ollamh. Mu dheireadh thall, an dèidh strì a thòisich còrr is ceud bliadhna roimhe, bha

Cathair Cheilteach ann an Glaschu. Lean daoine ainmeil anns an dreuchd sin – Ruairidh MacThòmais, Dòmhnall MacAmhlaigh, Cathair Ó Dochartaigh agus Tòmas Clancy.

Ann an dà mhìle 's a deich (2010), chaidh Cathair Ghàidhlig a chur air dòigh cuideachd. Bhon uair sin, tha an t-Àrd-oll. Roibeard Ó Maolalaigh air a bhith anns a' Chathair. Tha iomadh iomairt ann – acadamaigeach agus sòisealta – a tha a' neartachadh na Gàidhlig san oilthigh a-nise. Nuair a tha sinn a' coimhead air ais, tha e fìor ri ràdh gu bheil piseach mòr air tighinn air suidheachadh na Gàidhlig ann an Oilthigh Ghlaschu.

* * * * *

Faclan na Litreach: Comunn Oiseanach: *Ossianic Society*; athchuinge: *petition*; airgead dìleib: (*financial*) *legacy*; sreath òraidean: *a series of lectures*; an Eaglais Shaor: *the Free Church*; Cùirt an Oilthigh: *The University Court*; Seumas MacIlleMhìcheil MacBhàtair: *James Carmichael Watson*; Aonghas MacMhathain: *Angus Matheson*.

Abairtean na Litreach: fhathast a' togail chriomagan às an làraich-lìn: *still picking pieces from the website*; gum biodh a' Ghàidhlig air a teagasg san oilthigh: *that Gaelic would be taught at the university*; bliadhna an dèidh sin: *a year after that*; thug an neach-saidheans, an t-Àrd-ollamh Mànus MacGhill'Eain, sreath òraidean seachad air cuspairean Ceilteach: *the scientist, Professor Magnus Maclean, delivered a series of lectures on Celtic subjects*; chaidh X fhastadh mar òraidiche làn-thìde: *X was hired as a full-time lecturer*; airson a' chiad turais riamh: *for the first time ever*; bha cothrom aig oileanaich cùrsaichean Ceilteach a dhèanamh a bhiodh mar phàirt de cheum oilthigh: *students had an opportunity to do Celtic courses that would be part of a university degree*; chaochail e aig àrd a chomais: *he died [when he was] at the height of his powers*; an dèidh dha Laideann, cuspairean clasaigeach agus diadhachd a dhèanamh aig oilthigh: *after he had done Latin, classical subjects and divinity at university*; cruinneachaidhean de bhàrdachd Dhonnchaidh Bhàin agus Uilleim Rois: *collections of the poetry of Duncan Ban and William Ross*; Àrd-ollamh na Ceilteis: *Professor of Celtic*; mu dheireadh thall, an dèidh strì a thòisich còrr is ceud bliadhna roimhe, bha Cathair Cheilteach ann an Glaschu: *at long last, after a struggle that started more than a hundred years before, there was a Chair of Celtic in Glasgow*; tha iomadh iomairt ann – acadamaigeach agus sòisealta – a tha a' neartachadh na Gàidhlig: *there are many initiatives – academic and social – that strengthen Gaelic*; tha e fìor ri ràdh gu bheil piseach mòr air tighinn air X: *it's true to say that X has improved greatly*.

Puing-chànain na Litreach: an t-Oll. Urr. Deòrsa MacEanruig: *the Rev. Dr. George Henderson*. In the Gaelic form of the name, the honorifics are reversed of the English form. Note the abbreviated forms – Oll. for 'Ollamh' and Urr. For 'Urramach'. Earlier in the Litir, I gave the full form of another name – An t-Ollamh Urramach Gilleasbuig MacCaluim 'the Rev. Dr. Archibald MacCallum'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: shuidh an t-oilthigh air an airgead gun a bhith a' dèanamh càil leis: *the university sat on the money without doing anything with it*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA